COINNEAMH NA PANAIL
Diluain 28mh Samhain 2022 aig14:00 air Zoom

GEÀRR-CHUNNTAS

MEG-202123-2-01 An làthair
Magaidh Nic a' Ghobhainn (MN), Iain Mac a' Ghobhainn (IM), Sarah NicEachearn (SN), Anna NicGuaire (AN) (Alba Chruthachail) agus Art MacCarmaig (AM) (Fèisean nan Gàidheal).

MEG-202123-2-02 Leisgeulan
Leis gun robh a h-uile duine an làthair cha d' fhuaras leisgeul sam bith.

MEG-202123-2-03 Geàrr-chunntas na coinneimh roimhe
Ghabh na bha an làthair ris a' gheàrr-chunntas air coinneamh a chaidh a chumail air 10 Ògmhios 2022.

MEG-202123-2-04 A' nochdadh com-pàirt
Ann an suidheachadh far an do nochd ball den phanail com-pàirt ann an iarrtas sam bith, tha sin comharraichte gu h-ìosal agus cha do ghabh an neach sin pàirt anns a' chòmhradh mun iarrtas/an.

MEG-202123-2-05 Aonta ri tabhartasan
Bha 14 iarrtasan ann a' sireadh taic de £76,424 mu choinneamh phròiseactan luach £147,932 uile gu lèir. Chaidh a dhearbhadh gun robh £32,583 air fhàgail aig a' phanail ri chosg.

An dèidh beachdachadh gu cùramach air na h-iarrtasan, cho math 's a fhreagair iad air amasan an stòrais agus na comharran a thug buill a' phanail dhaibh air thoiseach air a' choinneimh, chaidh aontachadh ris na tabhartasan a leanas:

Ainm an tagraiche	Gearr-chunntas air a' phròiseict	Buidseat slàn	Suim ga sireadh	Tabhartas	Com-pàirt
CnP Bhaile Dhubhthaich	Obair eadar-ginealaich air òrain na sgìre le tachartas air a' cheann thall	£5,700	£4,250	£4,250	
Tobar an Dualchais	Co-obrachadh le neach-film agus oileanaich SMO airson bùithean-obrach agus taisbeanadh	£8,493	£6,143	£3,940	
Eilidh G NicChoinnich	Com-pàirt ann an cùrsa còmhnaidheach ann an Leòdhas cuide ri Màiri NicIlllÌosa	£2,373	£2,373	£1,795	AM
Julie Fowlis	Clàr ùr a chruthachadh le ceathrar an sàs	£21,577	£10,487	£8,900	AM
Isle of Skye Pipe Band	Com-pàirt ann an Tattoo agus Geamaichean Gàidhealach ann am Phoneix	£29,000	£1,500	£1,500	AM
Màiri Nic Ille Mhaoil	Deich òrain ionnsachadh ann an Gàidhlig 's Gaelige agus an gabhail aig trì tachartasan	£4,103	£2,583	£2,583	

Muriel Urchadan	Clàr ùr de dh'òrain seann-nòs a chruthachadh	£6,922	£5,226	£4,476	
Còisir Dhùn Èideann	Sreath bhùithtean-obrach mar inntrigeadh air seinn ann an còisirean Gàidhlig	£1,832	£500	£500	
Watercolour Music	Deaireadh sheachdain thachartasan an Loch Abar mar phàirt de Sheachdain na Gàidhlig	£14,290	£8,490	£4,639	AM
		£94,290	**£41,552**	**£32,583**	

MEG-202123-2-06 Maoin nan Ealan Gàidhlig san àm ri teachd

Chan eil dearbhadh aig an ìre seo am bi Maoin nan Ealan Gàidhlig a' ruith an ath bhliadhna oir bidh e an urra ri buidseatan Alba Chruthachail ach bha AN den bheachd gum biodh cùisean dòchasach.

MEG-202123-2-07 G I S B E

Thugadh taing do bhuill a' phanail airson an taic leis na co-dhùnaidhean agus an obair ro làimh. Dh'ainmich AN gun robh Alba Chruthachail cuideachd an comain buill a' phanail airson na h-obrach a bhios iad a' dèanamh co-cheangailte ri Maoin nan Ealan Gàidhlig.

MEG-202123-2-08 Ceann-latha na h-ath choinneimh

Leis nach robh dearbhadh ann am biodh Maoin nan Ealan Gàidhlig a' ruith an ath bhliadhna chaidh aontachadh cinn-latha fhàgail gus am faigheamaid fios.